



## Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar

### *Bidh Fàilte 's Furan romhad aig Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar*

Is e Colaiste shoirbheachail a th' ann an Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar agus i suidhichte ann am Pàislig. Tha sinn air aon de na prìomh cholaistean as luaithe fàs ann an Alba agus gu mòr an sàs ann am foghlam agus ann an ionnsachadh. Le àrainn ùr a dh'fhreagras don là an-diugh agus àrainneachd-ionnsachaidh den chiad ìre, bidh a' Cholaiste a' tairgse farsaingeachd chùrsaichean ann an cuspairean leithid:

- Gnìomhachas agus Stiùireadh
- Coimpiutaireachd agus Gnìomhachas-dealain
- Conaltradh, Eòlas-daonnachd agus Cànanan
- Leasachadh Choimhearsnachdan
- Togail agus an Àrainneachd air a Togail
- Ealain Chruthachail
- Innleadaireachd
- Aoigheachd agus Lònadaireachd
- Gruagadaireachd agus Maiseachadh
- Slàinte agus Cùram
- Cur-seachadan agus Turasachd
- Spòrs
- Taic ri Ionnsachadh

Tha cùrsaichean làn-thìde, pàirt-thìde, cùrsaichean là no feasgair no air astar rim faotainn a ghabhas a-steach caochladh ìrean de dh'uidheamachadh Albannach a thathar ag aithneachadh air feadh an t-saoghail bho NC, Àrd-ìre, HNC agus HND gu uidheamachadh dreuchdail.

Tha cothroman foghlaim gan tairgse aig a' Cholaiste do bharrachd agus 20,000 oileanach, a' frithealadh air coimhearsnachdan ionadail agus air oileanaich à dùthchannan eile le chèile. Tha raon farsaing chlàr ga thairgse cuideachd ann an goireasan coimhearsnachd san sgìre ionadail.

Bidh ullachadh agus leasachadh luchd-obrach ga thoirt seachad aig muinntir MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar cuideachd gus frithealadh a dhèanamh air feumalachdan luchd-gnìomhachais agus luchd-malairt. Agus i ag obair le eagrachaidhean, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, bidh a' Cholaiste a' cuideachadh ri buidhnean gus na gnìomhachasan aca leasachadh. Tha na prògraman againn uile gan cur an altaibh a chèile le luchd-dreuchd foghlaim agus gnìomhachais gus a dhèanamh cinnteach gum freagair iad air an ionad-obrach san là a th' ann an-diugh.

Bidh sinn ag obair le caochladh eagrachaidhean ioma-nàiseanta agus eadar-nàiseanta agus Leasachadh Dreuchdail a dh'fhreagras air na feumalachdan aca thoirt seachad. Tha na prògraman gan libhrigeadh gu h-ionadail ann an roghainn àite na buidhne, biodh e nan dùthaich fhèin no ag an àrainn againn fhèin ann an Alba.

## Aithris-Rùin

Is e rùn na Colaiste frithealadh a dhèanamh air feumalachdan nan coimhearsnachdan againn a thaobh ionnsachaidh, foghlaim agus ullachaidh agus feuchainn ri cothrom fosgailte a thoirt do na h-uile agus seirbheis den chiad ìre a thoirt seachad don luchd-chleachdaidh againn.

## Àrainn Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar

Tha e mar amas aig muinntir MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar àrainneachd-ionnsachaidh den chiad ìre a thoirt da cuid oileanach, luchd-obrach agus choimhearsnachdan. Tha àrainn na Colaiste air atharrachadh gu mòr o chionn beagan bhliadhnaichean agus is e an leasachadh as ùire Togalach Rinn Friù a Tuath. Tha an togalach uidheamaichte gu h-iomlan le goireasan teagaisg agus oileanach ùra agus 's e leudachadh mòr a th' ann air Àrainn MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar, far a bheil caochladh sheirbheisean a chuireas ri beatha nan oileanach aig a' Cholaiste.

Am measg nan leasachaidhean agus nan ùrachaidhean eile do dh'Àrainn na Colaiste than an leasachadh air Togalach Obar Chùirnigh far a bheil goireasan co-labhairt agus seirbheisean leabharlainn. Tha Roinn nan Ealain Cruthachail ann am Muileann Cheann a' Mhìle an-dràsta, far a bheil taigh-cluiche, teàrmannan dealbhan, ealain agus clàraidh agus goireasan-teagaisg sònraichte. Tha Ionad Spòrs Rinn Friù na Ionad Spòrs ann an com-pàirteachas far a bheil seòmraichean co-labhairt don Roinn Spòrs agus ionad-eacarsaich agus goireas-spòrs.

Tha e mar amas aig muinntir MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar goireasan a thoirt seachad a dh'fhreagras air an linn sam beò sinn agus cumaidh iad orra a' cur barrachd ri Àrainn na Colaiste.

## Sealladh bho Dhùthchannan Eile

Bidh muinntir MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar a' cur fàilte air iarrtasan bho oileanaich à dùthchannan thall thairis. Tha coimhearsnachd mhòr sa Cholaiste mar-thà de dh'oileanaich à dùthchannan air feadh an t-saoghail. Tha na h-oileanaich eadar-nàiseanta againn nam pàirt bunaiteach agus riatanach de choimhearsnachd na Colaiste, a bheil farsaingeachd mhòr do dh'àrainneachd-ionnsachaidh MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar.

Tha Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar air a maoineachadh leis an Stàit agus tha cliù air feadh an t-saoghail oirre airson ìre nan cùrsaichean agus toraidhean nan oileanach innte. Tha oileanaich aig a' Cholaiste a' cur ri ìre nan oileanach eadar-nàiseanta às an Roinn Eòrpa, Afraga, Na h-Ìnnseachan, Malèisia, Sìona, Na Stàitean Aonaichte, Pagastan agus Iapan.

Tha sinn a' toirt seachad foghlaim agus ullachaidh aig a h-uile h-ìre, bho chùrsaichean bunaiteach, go prògraman HNC/HND cho math ri cothrom air ullachadh ceuma agus an dèidh ceuma. Aig Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar, tha caochladh rian-

taice agus sgioba dìcheallach ann an alt againn gus cuideachadh ris na h-Oileanaich Eadar-nàiseanta againn agus gus a dhèanamh cinnteach gum bi turas inntinneach, taitneach agus soirbheachail agad leinn.

### **Seirbheisean Iomlaid Luchd-obrach**

Le taic bhon Choimisean Eòrpach agus bho bhuidhnean-gnìomha ri Cobhair Eadar-nàiseanta, tha caochladh chom-pàirteachas thar dùthchannan aig a' cholaiste gus na leanas a chur air adhart: -

- Iomlaidean Cultarail
- Leasachadh air a' Chlàr-oideachaidh
- Leasachadh Luchd-obrach
- Co-obrachadh/Seirbheisean Comhairleachaidh
- Rannsachadh

### **Gnìomhachdan gus Comas a Thogail**

Bidh a' cholaiste ag obair le luchd Foghlaim Àrd-ìre agus le buidhnean-gnìomha Riaghaltais gus am fo-structair foghlaim a leasachadh sna dùthchannan eile, tro cho-obrachadh, leasachadh luchd-obrach agus le bhith a' dèanamh rannsachaidh mu mhodhan-obrachaidh maoinachaidh ùra.

## **Alba agus Pàislig**

Mar dhùthaich fharsaing far a bheil rud beag a bharrachd air 5 millean neach a' fuireach agus feadhainn de na seallaidhean as brèagha san t-saoghal, tha tòrr ri tairgse aig Alba.

Agus i na dùthaich bheag far a bheil beairteas oighreachd agus dualchais le bailtean-mòra beothail agus seallaidhean annasach àlainn, is cinnteach gun cùm thu cuimhne gu sìorraidh air a bhith ann an Alba.

Tha Alba an là an-diugh na dùthaich uasal le sealladh eadar-nàiseanta agus cliù air feadh an t-saoghail oirre airson foirfeachd ann am foghlam. Le eaconamaidh fhallain a' fàs le farsaingeachd de ghnìomhachas agus luchd-obrach a tha teòma agus sùbailte, tha càileachd-beatha den chiad ìre ga tairgse ann an Alba.

Tha Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar suidhichte ann am meadhan na h-Alba ann am baile Phàislig. Tha a' cholaiste ann an suidheachadh buannachdail faisg air Port-adhair Eadar-nàiseanta Ghlaschu agus na prìomh cheanglaichean rathaid agus rèile ann an Alba.

Tha eachdraidh uasal aig Pàislig far am biodh obair a' chlàr treun na là. 'S e coimhearsnachd bheothail a th' ann cuideachd leis an soirbhich anns an t-seagh eaconamach anns an ùine air thoiseach. Tha àireamh an t-sluaigh agus cotroman cosnaidh a' dol am meud ann le poball-gnìomhachais agus luchd-fuirich a' soirbheachadh gu math ann.

Le tòrr ri dhèanamh agus ri fhaicinn ann, freagraidh Pàislig do na h-uile. Tha farsaingeachd de chothroman spòrs agus de chur-seachadan rim faotainn san sgìre. Le bùthan den chiad ìre agus tòrr cultair ann, tha farsaingeachd oirfeideis ri fhaotainn ann am Pàislig agus sna bailtean mu thimcheall.

Tha Pàislig suidhichte faisg air Glaschu agus air a cuartachadh le uachdar-dùthcha rìomhach agus is e an t-àite as fheàrr gus tòiseachadh air maise na h-Alba sgrùdadh.

*Nì sinn fiughair ri fàilte a chur ort do dh'Alba agus gu Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar.*

**Gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu Cholaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar, cuiribh fios mas e do thoil e gu:**

**Post-dealain: [sservices@reidkerr.ac.uk](mailto:sservices@reidkerr.ac.uk)**

**[www.reidkerr.ac.uk](http://www.reidkerr.ac.uk)**

**Fòn: +44 (0) 141 581 2222**

**Colaiste MhicIlleRuaidh 's MhicIlleChiar, Rathad Rinn Friù, Pàislig, PA3 4DR, Alba**